



Ainm: Bren Mac a' Ghobhainn Dreuchd: Tuathanach-mara Companaidh: GreenWave

Tràth-bheatha

Thogadh Bren Mac a' Ghobhainn ann am baile-iasgaich ann an Newfoundland, Canada. Dh'fhàg e an sgoil nuair a bha e 14 agus chaidh e gu muir, ag iasgach air tràlairean mòra a bhiodh a' glacadh, am measg eile, giomaich, tuna, crùbag, trosg agus sgadan.



Milleadh

Fhad 's a bha e ris an obair, thòisich e ri smaoineachadh air a' mhilleadh a bha na tràlairean mòra a' dèanamh a' sgriòbadh grunnd na mara. Rinn e dragh dha gun robh na tràlairean a' reubadh tro eag-shiostaman dìreach gus prothaid a chosnadhs às an iasgach.



1

Dealbhan: Getty Images, Shutterstock



Margaidh an Truisg

Mun àm seo, thuit margaidh an truisg ann an Newfoundland leis gun deach uimhir dheth a ghlacadh. Gu ìre mhòr, b' e an t-adhartas ann an teicneòlas agus uidheamachd air na bàtaichean-iasgaich bu choireach. Bha iasgairean a' ceannach bhàtaichean-iasgaich nas mothà. Gheibheadh na tràlairean a bhith ag iasgach raon nas fharsainge agus nas dh'fhaodadh iad a bhith aig muir nas fhaide, gun a bhith a' tilleadh gu caladh gus iasg a ghiullachd agus a reic mus deidheadh e a dhìth. Tha na tràlairean mòra coltach ri factaraidhean aig muir, gabhaidh iasg a ghiullachd, a reothadh agus a chumail air bòrd gus an ruig iad caladh.



doinhne, agus

dh'fhaodadh iad a bhith aig muir nas fhaide, gun a bhith a' tilleadh gu caladh gus iasg a ghiullachd agus a reic mus deidheadh e a dhìth. Tha na tràlairean mòra coltach ri factaraidhean aig muir, gabhaidh iasg a ghiullachd, a reothadh agus a chumail air bòrd gus an ruig iad caladh.



Tuathanasan-èisg


An ceann ùine, leig Bren seachad a dhreuchd agus għluais e gu bhith ag obair air tuathanasan-èisg, obair a bha esan a' smaoineachadh a bhiodh na bu tlachdmhoire agus nas fheàrr dhan àrainneachd. Ge-tà, ged a bha na modhan obrach eadar-dhealaichte, dh'fhaidh Bren gun robh e a cheart cho millteach. Le uisce air a thruaileadh le puinnsean bhiastagan, antibiotaig air a chleachdad gus an t-iasg a chumail fallain agus iasg a' faighinn às, cho-dhùin e nach b' e seo an dòigh a b' fheàrr air iasg àrach 's dh'fhàg e an obair.

Dealbhan Narwhal, Shutterstock




Dòigh Smaoineachaidh Ùr

Thug na chunnaic e agus na rinn e aig muir buaidh air an dòigh smaoineachaidh aige. B' e seann-mhaor a bh' ann, eòlach aig muir agus air a' ghnìomhachas. Bha e a' faireachdainn glè mhòr gun robh cuid de na modhan-iasgaich tradaiseanta a' milleadh àrainneachd na mara agus stòrasan èisg. Leis a sin, thòisich e ag obair na thuathanach-mara agus stèidhich e an companaidh, [GreenWave](#).



Tuathanasan-mara

Smaoinich e air mar a tha rudan a' fàs gu nàdarrach sa mhuiir, san àrainneachd aca fhèin – ann an sàl na mara, gun feum air biadh no mathachadh. Shaoil e, nan gabhadh cur ris na tha a' fàs gu nàdarra fon mhuiir, gur e dòigh sheasmhach a bhiodh ann biadh a chumail ri daoine agus nach deidheadh milleadh a dhèanamh air àrainneachd na mara.



Dealbhan: The Water Brothers

A' dèanamh Feum Dhan Phlanaid

Smaoinich e, nam b' urrainn dha feamainn agus maorach a thoirt air adhart, gun dèanadh e feum dhan phlanaid, oir bidh iad a' gabhail a-steach carbon dà-ogsaid mar a bhios coilltean-uisge agus, nuair a dheidheadh am buain, gum biodh riofachan air am fàgail a chuidicheadh le bacadh a chur air tuinn-thuile.



A' cuideachadh na h-Àrainneachd

Chunnaic Bren gu bheil stòras sa chuan, agus ann a bhith a' toirt fàs air, bhiodh e a' cuideachadh le bhith a' dòn na planaid.



Bha e a' faicinn tuathanasan-mara mar àrainneachd nàdarrach, far nach deidheadh eag-shiostaman a mhilleadh agus na dòigh nach fheumadh biadh giullaichte, fuadain a bhith air a chleachdadhbh airson fàs a thoirt air an fheamainn agus air a' mhaorach. A thuilleadh air a sin, chan fhaigheadh càil mu sgaoil agus chuidicheadh na modhan aige le maill a chur air atharrachadh na gnàth-shìde.



Dealbhan: The Beam, Shutterstock




Atharrachadh na gnàth-shìde

Buannachdan sna Coimhearsnachdan

A thuilleadh air a bhith neo-chronail dhan àrainneachd, tha an obair a' toirt cothroman cosnайдh do dhaoine agus fàs air an eaonamaidh.

Bha e a' faicinn nan tuathanasan-mara mar dhòigh air daoine a bheathachadh agus cosnайдhean a thoirt dhaibh. Bha e airson leudachadh air an obair le bhith a' cruthachadh làraich far an deidheadh feamainn agus maorach a ghiullachd sna coimhearsnachdan, 's nach ann aig muir.

Gheibh tuathanach-mara beagan a bharrachd airgid airson dàta a chumail air na tha 'd a' buain de mhaorach 's de dh'fheamainn, agus faodaidh iad creideas carbon a cheannach ma 's urrainn dhaibh sealltainn gu bheil iad a' dòn eag-shiostaman agus a' lùghdachadh na tha 'd a' leigeil de ghasaichean taigh-ghlainne mu sgaoil. Cleachdar an creideas seo gus pròiseactan gnàth-shìde agus leasachadh so-sheasmhach a mhaoineachadh.



Far-stuth

Tha feum ga thoirt às an fheamainn gu lèir ach na pìosan nach gabh ith.

That has a' dèanamh stuth-mathachaидh leis na pìosan sin agus ga reic ri tuathanach.

Dealbhan: Abundantedge.com, Hnd Hund



Adhartas Thuige Seo

- ➊ Tha e air bliadhnaichean a thoirt bho Bren an gnìomhachas a thoirt gu ìre far am b' urrainn dha ceilp a reic.
- ➋ Tha an companaidh aige, GreenWave, air taic is trèanadh a thoirt do chòrr is 50 tuathanach ann an seachd stàitean sna SA, le aon, ann an Alasca, a' reic 200,000 punnd ceilp ann am bliadhna.
- ➌ Tha iad air iarrtasan fhaighinn bho àitean air feadh an t-saoghal airson cuideachadh le tuathanasan-mara a stèidheachadh.
- ➍ Tha measgachadh de thuathanasan ann, cuid a' fàs maorach agus cuid eile ag obair air maorach agus feamainn.
- ➎ Tha GreenWave ag amas air boireannaich, coimhearsnachdan dùthchasach agus iasgairean coimeirsealta a thàladh chun na h-obair seo.
- ➏ Tha cuid de dh'iasgairean tradiseanta ris an obair seo aig amannan sònraichte den bhliadhna, nuair nach fhaigh iad gu muir. Leis a sin, tha na h-iasgairean cinnteach gum bi teachd-a-steach aca fad na bliadhna.

Saoil an cluinn sinn barrachd is barrachd mun t-seòrsa gnìomhachais seo? Gnìomhachas a tha a' cuideachadh le maill a chur air atharrachadh na gnàth-shìde, a tha a' beathachadh, a tha a' tabhann cothroman cosnaidh agus a tha a' toirt taic do choimhearsnachdan ionadail, fad is farsaing.

